



## Tìotal: Mo bhodhaig

### Pàirt 1: Ainmean pàirtean na bodhaig agus na tha iad a' dèanamh

Ìre: DÀRNA

#### Ceanglan CfE

| Eòlasan agus Builean   | Slatan-tomhais  |
|--|---|
| Tha mi a' tuigsinn gum faod atharrachaidhean nam bhodhaig buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachdainn mum dheidhinn fhìn agus air mo dhol-a-mach. HWB 2-47a<br>'S urrainn dhomh innse mu atharrachaidhean corporra is faireachail rè inbhidheachd is tuigsinn carson a tha iad a' tachairt is cho cudromach 's a tha glainnead phearsanta. HWB 2-48a | A' cleachdadh briathrachas ceart airson nam pàirtean prìobhaideach den bhodhaig uile agus na buill-ghineamhainn, mar eisimpleir, cìochan, brillean. |

#### Amasan Ionnsachaidh

- Gun ionnsaich clann na h-ainmean cearta airson pàirtean den bhodhaig, a' gabhail a-steach buill-ghineamhainn fireann agus boireann, agus mar a tha iad ag obair.
- Gun aithnich clann gu bheil buaidh aig na h-atharrachaidhean bodhaig a thig rè inbhidheachd air faireachdainnean agus giùlan.

#### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh pàirtean mo bhodhaig ainmeachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na diofar pàirtean dhem bhodhaig agus mar a tha iad ag obair.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na h-atharrachaidhean a bhios a' tachairt rè inbhidheachd.

#### Goireasan-taic

- Dealbhan de bhuill-gineamhainn air taobh a-muigh agus buill am broinn na bodhaig.
- Cairtean le ainmean nam pàirtean bodhaig agus mìneachaidhean de na bhios iad a' dèanamh.

**NÒT:** Sa bhloc ionnsachaidh seo bidh a' chlann ag ionnsachadh mar a bhios na bodhaigean aca ag atharrachadh rè inbhidheachd. Bidh sinn a' tòiseachadh le bhith a' coimhead air ainmean pàirtean bodhaig (pàirtean prìobhaideach agus buill-ghineamhainn). Bidh feadhainn dhe na h-ainmean a' buntainn ri pàirtean bodhaig air an taobh a-muigh/a chithear, ach bidh feadhainn a' buntainn ri buill bodhaig air an taobh a-staigh. Bidh seo na chuideachadh nuair a bhios sibh ag ionnsachadh mu shìleadh mìosail (an ath chuspair) agus mu ghineadh (Faic obair aig an dàrna ìre air **Mar a bhios beatha neach a' tòiseachadh, leatromachd agus breith**).

'S dòcha gum bi cuid de ainmean nam pàirtean bodhaig aig a' chloinn. 'S dòcha gum bi feadhainn a dh'fheumas an ionnsachadh airson a' chiad turas no a bhios feumach air ruith thairis a-rithist. Ma tha fios agaibh gun do rinn a' chlann an cuspair seo aig a' chiad ìre mar-thà, faodaidh sibh sin a chleachdadh mar thoisich tòiseachaidh airson na dh'ionnsaich iad a chur nan cuimhne mus ionnsaich iad tuilleadh.

Ged a tha an obair soilleir a thaobh a' bhriathrachais a bhios sinn a' cleachdadh ann an RSHP, tha e cudromach gum bi luchd-ionnsachaidh a' faireachdainn gum faod iad teirmean eile a chleachdadh airson ceistean fhaighneachd agus airson a bhith cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn. Bu chòir dhan tidsear/neach-foghlain freagairt a' cleachdadh a' bhriathrachais a tha sinn a' cleachdadh sna stuthan ionnsachaidh. Na coirich pàiste airson a bhith a' cleachdadh facal a th' aca aig an taigh no còmhla ri caraidean. Tha

fiosrachadh an cois seo do phàrantan ag innse cò mu dheidhinn a tha am bloc ionnsachaidh seo, le brosnachadh an aon bhriathrachas a chleachdadh aig an taigh 's a bhios aca san sgoil. Tha an obair seo cuideachd ag iarraidh oirbh briathrachas aontachadh a bhios agaibh sa chlas nuair a tha sibh a' bruidhinn air a dhol dhan taigh-bheag. Ma tha na teirmean a thathar a' cleachdadh an seo eadar-dhealaichte bho na th' agaibh, atharrachaibh chun an fheadhainn a tha sibh a' cleachdadh (a' gabhail a-steach taisbeanaidhean PowerPoint).

## Obair

1. Tha ionnsachadh RSHP air a neartachadh ma dh'fhaodas a' chlann suidhe còmhla, mar a bhios iad aig àm cearcaill, ma ghabhas e dhèanamh. Tòisich mar seo. Tòisich le bhith ag innse dhan chloinn gum bi iad a' dèanamh sreath de leasannan far am bi iad ag ionnsachadh tuilleadh mu na bodhaigean aca agus mar a bhios na bodhaigean aca ag atharrachadh nuair a tha iad a' fàs – 's e **inbhidheachd** a chanas sinn ris a' phròiseas seo. Seall an slaighd air a bheil am mìneachadh goirid.
2. Inns gu bheil an clas/a' bhuidheann a' bruidhinn/ag ionnsachadh san leasan seo mu ainmean nam pàirtean bodhaig air an robh sinn uaireigin a' gabhail nam pàirtean prìobhaideach againn. Can gum bi a' chlann eòlach gu leòr air feadhainn de na h-ainmean, ach gum bi feadhainn aca ùr. Faighnich: Cò na pàirtean de ar bodhaigean air a bheil sinn air a bhith a' gabhail *pàirtean prìobhaideach*?
3. Mìnich gum bi sibh a' leantainn oirbh a' bruidhinn mu chuid de na pàirtean a th' air taobh a-muigh do bhodhaig. Seall na dealbhan (mar dhuilleag-sgoileir/air an slaighd) den dà chuid bodhaig a' bhalaich agus an nighean (Duilleag-sgoileir 1: Ainmean na pàirtean bodhaig Nighean/Boireannach agus Balach/Fireannach). Inns dhan chloinn gum bi iad ag obair nan dithisean gus ainmean nam pàirtean bodhaig a chur air an diagram. Can ris a' chloinn nach e deuchainn a tha seo idir. Bidh fios aca air cuid de na h-ainmean, feadhainn eile 's dòcha nach bi no nach bi cuimhne aca orra.

*Faclan airson diagram a' bhalaich:*

- |                        |             |                           |
|------------------------|-------------|---------------------------|
| 1. <del>Gàirdean</del> | 4. Ceann    | 7. Bod                    |
| 2. Sùilean             | 5. Glùinean | 8. Clach-bhalg/Magairlean |
| 3. Làmh                | 6. Cas      | 9. Sine                   |

*Faclan airson diagram na h-ighinn:*

- |                        |             |         |
|------------------------|-------------|---------|
| 1. <del>Gàirdean</del> | 4. Glùinean | 7. Sine |
| 2. Sùilean             | 5. Cas      |         |
| 3. Làmh                | 6. Pit      |         |

4. Till a' chlann air ais còmhla agus theirig thairis air na faclan, ag iarraidh fhreagairtean orrasan a thaobh far an do chuir iad gach 'ainm'. Cleachd na slaighdean PowerPoint airson ùine a chosg a' mìneachadh nan teirmean *sinean*, *bod*, *clach-bhalg* agus *pit* dhan chloinn, fiù 's ged a bhiodh na leubailean san àite cheart:

**Sinean:** Tha sinean an dà chuid air balaich agus nigheanan. Nuair a dh'fhàsas nighean, fàsaidh cìochan oirre. Ma bhios bèibidh aig boireannach, 's urrainn dhi am bèibidh a bhiathadh; gheibh am bèibidh bainne à sinean a mhàthar. NÒT: 'S dòcha gum faighnich pàiste, "Carson, ma tha, a tha sinean air fireannaich?" Bidh a h-uile bèibidh a' tòiseachadh am beatha san aon dòigh gus am bi am màthair 8 seachdainean trom, agus tha sin a' gabhail a-steach nan sinean. Mar sin mas e balach a th' ann am bèibidh a tha a' fàs am broinn a mhàthar, bidh sinean fhathast air.

**Bod:** Tha bod air balaich. Tha gach bod eadar-dhealaichte. Nuair a thèid balach dhan taigh-bheag a mhùn, bidh e a' tighinn às a bhod.

**Clach-bhalg agus magairlean:** 'S e poca craiceann a tha crochte air cul bod balaich a th' anns a' chlach-bhalg. Na bhroinn tha magairlean.

**Pit:** Tha pit air nigheanan. Nuair a thèid nighean dhan taigh-bheag a mhùn, bidh e a' tighinn a-mach às a pit. NÒT: ma chleachdas pàiste am facal faighean airson a' phàirt seo, faodaidh sibh a ràdh: Uaireannan bidh daoine a' cleachdadh an fhacail faighean, ach tha am faighean am

broinn nighinn. Mar sin, mas e nighean a th' annad, 's e do phit am pàirt a chì thu eadar do chasan.

5. A-nis seall na dealbhan sa PhowerPoint de bhodhaig boireann agus fireann. Tha prìomh fhaclan air an cleachdadh airson buill ghineamhainn. Dèan cinnteach gu bheil a' chlann a' tuigsinn na tha iad a' faicinn.
6. Tha an aon dealbh air an ath shlaighd, le teacsa a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu na pàirtean prìobhaideach/buill ghineamhainn. Tha seo a' toirt fiosrachadh dhan chloinn ag innse gu bheil buill bodhaig nar broinn nach fhaic sinn, na buill ghineamhainn a tha air an cleachdadh airson bèibidhean a dhèanamh. Leugh tromhpa agus dèan cinnteach à tuigse.
7. Airson daingneachadh gu bheil pàirtean ann de ar bodhaigean nach eill sinn a' faicinn, iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraaid rin taobh – de na buill-bodhaig a tha nar broinn agus dè tha iad a' dèanamh? Ma tha e na chuideachadh, dh'fhaodadh tu fhaighneachd: *Cò am ball bodhaig a bhios a' pumpadh fuil timcheall nar broinn agus cluinnidh tu e a' bualadh? Nuair a bhios sinn ag ithe biadh agus ag òl deoch, càit am bi e a' dol?* (Lean slighe a' bhìdh bhon bheul, amhaich, stamag, caolan mòr, àirnean, aotraman, mionach ...), Às dèidh beagan còmhraidh cuir cuideam air a' phuing gu bheil buill ghineamhainn nar bodhaigean cuideachd, agus gum feum fireannaich agus boireannaich iad seo airson bèibidh a dhèanamh.
8. Thoir copaidean de **Duilleag-sgoileir 2 – Bodhaig an fhireannaich** dha na sgoilearan no seall an slaighd leis na pàirtean bodhaig air an ainmeachadh. Minich na tha iad a' faicinn dhan chloinn agus can gum bi thu ag innse dhaibh dè na h-ainmean a th' air pàirtean den bhodhaig agus ag innse na tha iad a' dèanamh. Nuair a tha thu a' cleachdadh nam faclan, faighnich dhan chloinn, "A bheil facal eile agaibhse airson a' phàirt seo dhen bhodhaig?" Èist ris na fregairtean agus inns dhaibh cò na faclan a bhios air an cleachdadh sa chlas. Comharraich agus thoir fios mu gach facal, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' tuigsinn agus a' freagairt cheistean sam bith:

**Ro-chraiceann:** 'S e pìos craicinn a tha seo a' a tha a' còmhdach bàrr a' bhuid. Uaireannan bithear ga thoirt air falbh (air sgàth 's gu bheil e ro theann no airson adhbharan creideimh.) 'S e timcheall-ghearradh a chanar ris an seo.

**Bod:** 'S e seo ball-feise an fhireannaich. Tha e air a chleachdadh airson a dhol dhan taigh-bheag/mùn agus airson sìol a sgaoileadh/a chur a-mach.

**Clach-bhalg:** 'S e seo am poca craicinn a tha' cumail nam magairlean aig fireannach.

**Magairlean:** 'S iad seo na buill ghineamhainn aig fireannach a tha a' dèanamh sìol.

*Nòt: Chan eil an gnìomh seo a' bruidhinn air feise, gineadh no leatromachd. 'S dòcha gum bi e feumail a ràdh a thaobh sìol agus ughlann/uirgean nuair a thachras ugh ri sìol am broinn boireannaich gum faod bèibidh a bhith air a dhèanamh, agus gun ionnsaich iad tuilleadh mun seo ann an leasan eile.*

9. An uair sin thoir dhaibh **Duilleag-sgoileir 3 bodhaig a' bhoireannaich agus/no an slaighd le ainmean nam pàirtean bodhaig agus na tha iad a' dèanamh.** Tha da ìomhaigh air a thoirt dhaibh. Nuair a th thu a' cleachdadh nam faclan a tha sinn airson ionnsachadh dhan chloinn, faighnich, "A bheil facal eile agaibhse airson a' phàirt seo dhen bhodhaig?" An aon phròiseas 's a bh' agaibh roimhe ach leis na teirmean seo:

**Muineal na machlaig/Cervix:** A' ceangal na machlaig ris an fhaighean.

**Brillean/Clitoris:** 'S e seo ball-feise bhoireannaich.

**Liopan-clòimheach/Labia:** Na liopan craicinn a th nam pàirt dhen phit.

**Ughlann:** 'S ann an seo a tha ceallan nan uighean air an dhèanamh. Bidh iad a' gluasad dhan mhachlaig, far am faodar an torrachadh le sìol.

**Machlag/Uterus:** 'S ann an seo a bhios ginean (foetus/bèibidh) a' fàs rè leatromachd.

**Faighean:** Pàirt de bhuill gineamhainn boireannaich, tha e a' ruith bhon phit gu muineal na machlaig.

**Pit:** 'S e seo am ball feise a-muigh a chithear air boireannach.

10. Iarr air a' chloinn obrachadh còmhla ri caraaid agus **Duilleag-sgoileir 4** le liosta fhaclan. Mar dhithis tha aca ri obrachadh a-mach dè na h-ainmean a th' air na diofar pàirtean bodhaig air bodhaig an fhìreannaich agus a' bhoireannaich. ('S dòcha gum bi thu airson an diagram fhàgail suas/a-mach, no faisg air làimh airson 's gum faod a' chlann sùil a thoirt ma tha taic a dh'ìth orra.)
11. Airson crìochnachadh, cruinnichibh air ais còmhla agus theirigibh thairis air ainmean nam ball bodhaig/pàirtean bodhaig.

### Ceangal ris an dachaigh

*Faodaidh sibh an teacsa g h-ìosal a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh mun obair sa bhloc-ionnsachaidh seo.*

Tha a' chlann ag obair air a' chuspair **Mo bhodhaig**. Bidh iad ag ionnsachadh mar a bhios am bodhaig ag atharrachadh rè inbhidheachd. Ionnsaichidh a' chlann gu lèir mu shìleadh mìosail (fuil mhìosail nigheanan), mu atharrachaidhean ann am faireachdainnean rè inbhidheachd, mu bhith a' cumail am bodhaigean fallain agus mu shlàinteachas pearsanta. Cuidichidh na leasannan a' chlann gu bhith a' togail dàimh fhallain rim bodhaig. Ionnsaichidh iad cuideachd dè na h-ainmean cearta a th' air buill ghineamhainn fhìreann agus bhoireann, airson 's gun ionnsaich sinn a-rithist mar a tha bèibidhean air an dèanamh, mu leatromachd agus mu bhreith. Chì sibh gu h-ìosal na faclan a dh'ionnsaicheas iad sa chiad leasan. Tha iad air am mìneachadh mar a leanas:

#### Bodhaig fhìreann: na faclan a bhios sinn a' cleachdadh

**Aotroman:** 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachd agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn.

**Ro-chraiceann:** 'S e pìos craicinn a tha seo a' a tha a' còmhdach bàrr a' bhuid. Uaireannan bithear ga thoirt air falbh (air sgàth 's gu bheil e ro theann no airson adhbharan creideimh). 'S e timcheall-ghearradh a chanar ris an seo.

**Bod:** 'S e seo ball feise an fhìreannaich. Tha e air a chleachdadh airson a dhol dhan taigh-bheag/mùn agus airson sìol a sgaoileadh/a chur a-mach.

#### Bodhaig bhoireann: na faclan a bhios sinn a' cleachdadh

**Aotroman:** 'S ann an seo a bhios a' bhodhaig a' cruinneachd agus a' cumail mùn bho na h-àirnean mus tèid thu dhan taigh-bheag/a mhùn

**Muineal na machlaig/Cervix:** A' ceangal na machlaig ris an fhaighean.

**Brillean/Clitoris:** 'S e seo ball feise boireannaich.

**Liopan-clòimheach/Labia:** Na liopan craicinn a tha nam pàirt dhen phit.

**Ughlann:** 'S ann an seo a tha ceallan nan uighean air an dhèanamh. Bidh na h-uighean a' gluasad dhan mhachlaig, far am faodar an torrachadh le sìol.

|  |  |
|--|--|
| <p><b>Clach-bhalg:</b> 'S e seo am poca craicinn a tha a' cumail nam magairlean aig fireannach.</p> <p><b>Magairlean:</b> 'S iad seo na buill ghineamhainn aig fireannach a tha a' dèanamh sìol.</p> | <p><b>Machlag/Uterus:</b> 'S ann an seo a bhios ginean (foetus/bèibidh) a' fàs rè leatromachd.</p> <p><b>Faighean:</b> Pàirt de bhuill ghineamhainn boireannaich, tha e a' ruith bhon phit gu muineal na machlaig.</p> <p><b>Pit:</b> 'S e seo am ball feise a-muigh a chithear air boireannach.</p> |
|--|--|

Bidh sinn a' cleachdadh nan teirmean seo airson cur às do nàire sam bith timcheall air na pàirtean bodhaig sin. Cuideachd ma tha fios aig clann air na faclan cearta, 's urrainn dhaibh a bhith soilleir mura h-èil iad a' faireachdainn gu math no ma tha dragh orra. Bidh eòlas air na teirmean seo na dhìon do chlann oir bidh iad ag ionnsachadh cò na pàirtean bodhaig a tha prìobhaideach – bidh sinn a' dèanamh tuilleadh air an seo sa chlas. Bidh sinn a' brosnachadh phàrantan agus luchd-cùraim gus a bhith a' cleachdadh nan aon teirmean san dachaigh. Tha fios againn gum bi ainmean neo-fhoirmeil eile aig teaghlaichean ach dh'iarraimaid gun cleachdadh sibh na h-aon teirmean 's a bhios aig a' chloinn san sgoil.

**Tha goireasan teagaisg eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:**

Ainmean pàirtean dhen bodhaig agus na tha iad a' dèanamh  
Tha mo bhodhaig ag atharrachadh (& sileadh mìosail)  
Faireachdainnean agus inbhidheachd  
Slàinteachas pearsanta

**Nòtaichean Tidseir**